

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

'Leum' ann an Ainmean-àite (2)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at fios@learngaelic.scot. This is Litir 1,193. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 889 corresponds to Litir 1,193.

Bha mi ag innse dhuibh mu ainmean-àite anns a bheil am facal 'leum'. Tha fear annasach ann eadar Stafainn agus Flòdaigearraidh anns an Eilean Sgitheanach – *Loch Leum nam Brà*. Chaidh innse dhomh le daoine a bhuineas don sgìre gu bheil e a' ciallachadh '*the loch of the jump of the quernstones*'. Bha droch uachdaran ann a chuir stad air an t-sluagh bho bhith a' bleith an arbhair aca fhèin. Bha aca ri muileann an uachdarain a chleachdadh agus **bha aca ri pàigheadh** airson sin.

Agus dè an ceangal a th' ann eadar an loch agus *leum*? Uill bha aig na daoine ris na clachan-brà aca a roiligidh sìos am bruthach agus a-steach don loch. Bha na clachan cruinn. Fhad 's a bha na clachan a' roiligidh **leis a' bhruthach** aig astar, thòisich iad air leum far na talmhainn. Loch Leum nam Brà.

Tha baile beag faisg air an Aghaidh Mhòir air a bheil *Coilumbridge* ann am Beurla. Ann an Gàidhlig, 's e sin *Drochaid Choileum*. Tha *Coileum* a' tighinn bho *Cuing-leum* '*narrow leap*'. Tha an abhainn an sin cumhang. Nuair nach robh drochaid ann, feumaidh gun robh daoine a' leum tarsainn na h-aibhne an sin.

Faisg air an Drochaid Bhàin ann an Srath Fharaigaig tha àite ann far a bheil an abhainn cumhang. Tha *Cnoc a' Choimhleum* an sin – '*the hill of the narrow jump*'. Tha baile beag ri taobh a' chnuic air a bheil *Knockchoilum* – le 'K' aig an toiseach – ann am Beurla.

Tha am facal *cruinn-leum* ann an siud 's an seo. Saoilidh mi gu bheil e a' ciallachadh '*standing jump*'. Tha cnocan beag air a' Chomraich air a bheil *An Cruinn-leum*. Ge-tà, tha seo a' ciallachadh, a rèir an OS, '*round leap*'. Mmm. Cruinn-leum.

Agus faisg air Caol Readha anns an Eilean Sgitheanach, tha *Bealach na Cruinn-leum*. Ge-tà, nuair a chruinnich an t-Suirbhidh Òrdanais na h-ainmean an toiseach, 's e *Bealach na Greigh-Lèim* a bha aca air – '*the pass of the herd's leap*'. Chanainn gu bheil sin a' ciallachadh fèidh.

Ach a bheil am facal *leum* an-còmhnaidh a' ciallachadh '*leap*'? Tha creag ri taobh na h-aibhne ris an canar *River Oude* ann an Earra-Ghàidheal air a bheil *Leum Uilleim*. Tha Leabhar nan Ainmean aig an t-Suirbhidh Òrdanais ag innse dhuinn gu bheil e a' ciallachadh '*William's Leap*' agus gun do leum duine bho mhullach na creige gu taobh thall na h-aibhne. Tha a' chreag àrd agus cha chuireadh e iongnadh orm nam biodh Uilleam bochd air adhbrann a bhriseadh.

Tha an t-ainm sin soilleir gu leòr, ach tha beinn ann an Loch Abar air a bheil an dearbh ainm – *Leum Uilleim*. An turas seo, tha Leabhar nan Ainmean ag ràdh gu bheil e a’ ciallachadh ‘*William’s Point or Line*’.

Mar as trice, tha leum ann mar L-E-U-M. Ach, corra uair, bidh dreach ginideach air agus nochdaidh e mar L-È-I-M. Tha dà sgeir sa mhuir anns na Hearadh, eadar Plocropol agus Sgalpaigh. ’S iad sin *Sgeir an Lèim Mhòir* agus *Sgeir an Lèim Bhig*. Am biodh daoine a’ leum bho sgeir gu sgeir? Dè bha iad a’ dèanamh ann? A’ cruinneachadh cairgein? No a bheil ‘leum’ an sin a’ ciallachadh mar a bhios stuaghan-mara a’ leum air latha stoirmeil? Uaireannan, tha barrachd cheistean ann na freagairtean!

* * * * *

Faclan na Litreach: clach-bhrà: *quernstone, millstone*; cruinn: *round, circular*; aig astar: *at speed*; cumhang: *narrow*; Caol Readha: *Kylerhea*; an t-Suirbhidh Òrdanais: *The Ordnance Survey*; greigh: *herd, especially red deer*; Earra-Ghàidheal: *Argyll*; Leabhar nan Ainmean: *The Name Book*; Loch Abar: *Lochaber*.

Abairtean na Litreach: eadar Stafainn agus Flòdaigearraidh anns an Eilean Sgitheanach: *between Staffin and Flodigarry on Skye*; bha droch uachdaran ann a chuir stad air an t-sluagh bho bhith a’ bleith an arbhair aca: *there was a bad landlord who stopped the people from grinding their corn*; bha aca ri muileann an uachdarain a chleachdadh: *they had to use the landlord’s mill*; thòisich iad air leum far na talmhainn: *they started to jump off the ground*; faisg air an Aghaidh Mhòir: *near Aviemore*; faisg air an Drochaid Bhàin ann an Srath Fharagaig: *near Whitebridge in Stratherrick*; tha cnocan beag air a’ Chomraich: *there’s a hillock in Applecross*; ri taobh na h-aibhne: *beside the river*; bho mhullach na creige gu taobh thall na h-aibhne: *from the top of the crag to the far side of the river*; cha chuireadh e iongnadh orm: *it would surprise me at all*; nam biodh Uilleam bochd air adhbrann a bhriseadh: *if poor William had broken his ankle*; corra uair, bidh dreach ginideach air agus nochdaidh e mar: *occasionally, it will be in a genitive form and will appear as*; tha dà sgeir sa mhuir anns na Hearadh, eadar Plocropol agus Sgalpaigh: *there are two rocks in the sea in Harris, between Plocrapol and Scalpay*; mar a bhios stuaghan-mara a’ leum air latha stoirmeil: *how breaking waves jump on a stormy day*; uaireannan, tha barrachd cheistean ann na freagairtean: *sometimes, there are more questions than answers*.

Puing-chànain na Litreach: leis a’ bhruthach: *downhill, with the slope*. An easy way to say ‘*uphill*’ or ‘*downhill*’ is to change the preposition. Leis a’ bhruthach is ‘*downhill*’; ris a’ bhruthach is ‘*uphill*’. The sense of ‘*le*’ here is ‘*with*’, whereas ‘*ri*’ is ‘*against*’. If you are sailing ‘*leis a’ ghaoith*’ you are running downwind. If you are ‘*ris a’ ghaoith*’, you are sailing close to the wind, as in close-hauled.

Gnàthas-cainnt na Litreach: bha aca ri pàigheadh airson sin: *they had to pay for that*.

Tha “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” air a maoineachadh le MG ALBA